



DREACHD

PLANA GÀIDHLIG

2020-2025

Chaidh am plana seo a dheasachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba)
2005
Air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 27 Dàmhair 2020



FACAL-TOISICH

Mar Àrd-Oifigear Coimisean na Croitearachd, tha mi toilichte an tritheamh eagra de Phlana Gàidhlig a' bhuidhinn againn a chur an aithne. Mar riaghladair poblach an t-siostaim chroitearachd againn a tha gun choimeas, tha mi airson a dhèanamh cinnteach gu bheil am buidheann againn a' dèanamh nas urrainn dhuinn gus àite na Gàidhlig ann am beatha na h-Alba a bhrosnachadh agus adhartachadh.

Tha a' Ghàidhlig air cuideachadh le croitearachd a chumadh thar ghinealaichean agus a' co-roinn fulangas le croitearachd a tha ag ionnsachadh bhon àm a dh'fhalbh ach a' com-pàirteachadh san àm ri teachd.

Gun teagamh, tha dleastanas reachdail air Coimisean na Croitearachd fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gu a phàirt a choileanadh ann an adhartachadh a' chànain, ach tha an ceangal air leth le croitearachd a' toirt dleastanas a bharrachd oirnn a thuilleadh air ar dìoghras don obair.

Tha am Plana seo a' mìneachadh structar foirmeil do ar taic don Ghàidhlig le iomairtean ùra agus targaidean soilleir, a' nochdadh dealas làidir air feadh a' Choimisein gu a' Ghàidhlig fhaicinn a' soirbheachadh.

On a thàinig mi don Choimisean ann an 2016, tha mi air tlachd mhòr fhaighinn à com-pàirteachadh còmhla ri luchd-obrach ann an clasaichean ionnsachaidh Gàidhlig agus tha mi a' cur fàilte air beannachdan Gàidhlig a bhith gan cleachdadh aig gach coinneamh Bùird agus aig ar coinneamhan luchd-ùidhe, a tha nas motha.

Tha am Bòrd gu làithreach dealasach a thaobh taic a thoirt don Ghàidhlig anns na Sgìrean Croitearachd, agus còmhla tha sinn a' leantainn air adhart a' dèanamh nan stuthan againn agus gach conaltradh le teachdaichean, ruigsinneach do luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bill Barron

Àrd-Oifigear

Coimisean na Croitearachd

19 Cèitean 2020

CLÀR-INNSE

GEÀRR-IOMRADH.....	1
RO-RÀDH.....	2
Coimisean na Croitearachd.....	2
Structar	2
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus sgaoileadh Fios	2
Aonta do Phlana Gàidhlig Choimisean na Croitearachd	3
Co-chomhairle air an dreachd Plana Gàidhlig.....	3
Gàidhlig ann an Alba.....	4
Gàidhlig ann an raon obrach a' Choimisein	4
Gàidhlig taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd	5
In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig	6
AM PLANA GÀIDHLIG ANN AN STRUCTAR CORPORRA.....	8
Dreuchd le uallach obrachail air a' phlana	8
Dreuchd le uallach bho latha gu latha air a' phlana	8
Buidheann a' cumail sùil air leasachadh, buileachadh agus sgrùdadh a' Phlana ...	8
Buill fa leth den luchd-obrach.....	8
Seirbheisean air an liubhairt le treas phàrtaidhean agus Buidhnean Air Astar.....	8
BUAIDHEAN PLANAIDH IS POILEASaidh DON GHÀIDHLIG	9
Prìomh-shruthadh Gàidhlig	9
Plana Nàiseanta na Gàidhlig.....	9
Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.....	11
GEALLTANASAN A' PHLANA.....	13
Amasan Àrd-ìreil	13
Amasan na Seirbheis Chorporra	15
Inbhe	17
Luchd-obrach	18
Conaltradh leis a' phoball.....	21
Fiosrachadh	24
Corpas	26
BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH	28
Clàr-ama	28
Foillseachadh a' Phlana	28
Goireasachadh a' Phlana.....	28
Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana.....	28
PÀIPEAR-TAIC 1.....	30
IN-SGRÙDADH AIR COMAS GÀIDHLIG.....	30

GEÀRR-IOMRADH

Tha am pàipear seo air a dheasachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios Coimisean na Croitearachd ag adhartachadh a' phrìomh phrionnsapail iomlain de spèis co-ionann don Ghàidhlig, a' sealltainn mar a bhios am buidheann ag obair gu gnìomhach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus obrachadh a dh'ionnsaigh leasachaidhean nas fhad-ama, gus cleachdadh na Gàidhlig leis an ùghdarras a neartachadh agus seirbheis theachdaichean a leasachadh.

RO-RÀDH

Coimisean na Croitearachd

Is e buidheann poblach neo-roinneil (NDPB) a th' ann an Coimisean na Croitearachd agus is e an riaghladair air croitearachd. Tha e ag obair gus croitearachd san àm ri teachd a dhèanamh tèarainte le bhith a' cruthachadh agus ag adhartachadh siostam croitearachd air a dheagh riaghladh, a tha a' cur gu deimhinneach ri seasmhachd nan coimhearsnachdan dùthchail.

Is e siostam de ghabhallas fearainn a th' ann an croitearachd a tha air leth do Ghàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. Is e pìos de fhearann àiteachais gu math beag a th' ann an croit, le cuibheas de 5 heactairean agus gu h-àbhaisteach air a chumail ann an gabhallas. Dh'fhaodadh gum bi togalaichean air no dh'fhaodadh nach bi, no taigh co-cheangailte ris. Tha timcheall air 21,000 croit, air an gabhail le tuairmse de 10,000-12,000 dachaigh croitearachd, a' cunntadh airson àireamh-sluaigh iomlan de mu 33,000.

Chaidh Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh ann an 2012 gus Achd nan Croitearan (Alba) 1993 a rianachd mar a chaidh atharrachadh leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2007 agus an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010.

Structar

Tha 9nar Choimiseanairean air Bòrd Choimiseanairean Coimisean na Croitearachd. Tha triùir de na Coimiseanairean air am fastadh le Ministear na h-Àrainneachd, Atharrachadh Gnàth-shìde agus Ath-leasachadh Fearainn, agus 6nar Choimiseanairean air an taghadh leis na croitearan. Tha Coimiseanairean a' suidhe le chèile mar Bhòrd gus poileasaidhean a shuidheachadh agus co-dhùnaidhean a ghabhail air tagraidhean a tha toinnte. Bidh coinneamhan Bùird gan cumail gu poblach.

Is e seirbheisichean catharra Riaghaltas na h-Alba a th' ann am buill luchd-obrach Coimisean na Croitearachd, a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba agus a tha iad fhèin cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba.

Tha oifis Choimisean na Croitearachd suidhichte ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir ann an Inbhir Nis. Bidh an Coimisean a' foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhnail aca san dà chuid Beurla agus Gàidhlig agus tha àireamh de chonaltraidhean eile, a' gabhail a-steach an làrach-lìn, dà-chànanach.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus sgaoileadh Fios

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis an amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

Is e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, comas a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba) riatanas a chur air buidhnean poblach gu Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Bha an t-solar seo air a dheilbh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil pàirt aig an roinn phoblaich ann an Alba ann a bhith a' cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, le bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-iomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd, air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn

Gàidhlig ann an coileanadh ar gnìomhan, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air a dheasachadh ann an co-rèir ris na slatan-tomhais reachdail mar a tha mìnichte ann an Achd 2005, agus le suim do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus do Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Chuir Coimisean nan Croitearan a bha an làthair ro Choimisean na Croitearachd, a' chiad Phlana Gàidhlig a-steach chun a' Bhùird ann an 2009. Nuair a chaidh Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh ann an 2012, chaidh am Plana Gàidhlig ùrachadh gus an t-atharrachadh seo a nochdadh agus chaidh a chur a-steach chun a' Bhùird airson aonta.

Bha an dàrna eagraan den Phlana Ghàidhlig airson 2015 – 2020 a' togail air an eòlas a thugadh bho bhuileachadh a' chiad phlana agus a' leasachadh dhealasan àrd-amasail.

Aonta do Phlana Gàidhlig Choimisean na Croitearachd

Bheir an tritheamh eagraan seo Plana a' Choimisein chun na bliadhna 2025. Chaidh a thaisbeanadh do Bhòrd a' Choimisein as t-samhradh 2020 agus an uair sin chaidh a chur gu foirmeil gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta san Ògmhios 2020.

Co-chomhairle air an dreachd Plana Gàidhlig

Tha an Achd 2005 a' cur riatanas air buidhnean poblach ullachadh air a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire phàrtaidhean uile le ùidh. Cho-chomhairlich Coimisean na Croitearachd gu poblach air an dreachd de a Phlana Gàidhlig agus chaidh beachdachadh air riochdachaidhean a chuireadh ris rè a' phròiseis co-chomhairleachaidh.

Tha an eagraan seo den Phlana airson 2020-2025 a' togail air a' chiad dà Phlana agus tha an Coimisean air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na targaidean tùsail, na builean agus air an adhartas. Bha an dreachd plana ri fhaotainn airson bheachdan agus air adhartachadh air làrach-lìn a' Choimisein, ann an Gàidhlig agus Beurla, agus air àrd-ùrlaran nam meadhanan sòisealta aca. Chaidh cuireadh a thoirt do bhuill den phoball beachdan a chur a-steach thairis air ùine de shia seachdainean, tro chleachdadh air post-d, meadhanan sòisealta no tro sgrìobhadh gu Coimisean na Croitearachd aig Taigh a' Ghlinne Mhòir.

Faicibh Pàipear-taic 2 airson cunntas mionaideach air na freagairtean don cho-chomhairle.

Gàidhlig ann an Alba

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt iomlan de dhualchas na h-Alba, de a dearbh-aithne nàiseanta agus a beatha chultarach. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh nan ceann-uidhe a tha minichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus air an structar agus na h-iomairtean riatanach a chur nan àite gus a dhèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha feum air oidhirp cho-òrdanaichte bhon riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, gus:

- *inbhe na Gàidhlig a neartachadh;*
- *togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;*
- *cleachdadh meudaichte air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh.*

Gàidhlig ann an raon obrach a' Choimisein

Tha croitearachd air àite cudromach a choileanadh ann an comasachadh dhaoine gu bhith a' còmhnaidh agus ag obair anns a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus a' cuideachadh le sgoiltean dùthchail a chumail fosgailte agus seirbheisean deatamach eile a chumail ag obrachadh ann an cuid de na sgìrean dùthchail as iomallaiche ann an Alba.

Tha croitearachd air pàirt chudromach a choileanadh ann an cumail suas cultar coimhearsnachdan ionadail na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha innse sgeulachdan is bàrdachd, ciùird leithid snìomh agus fighe, ceòl agus subhachasan seusanail uile nan taobhan de chultar na coimhearsnachd chroitearachd, agus tha cànan air prìomh àite a ghabhail ann a bhith gan gleidheadh. Tha coimhearsnachdan ann an Sealtainn agus Arcaibh air an ceanglaichean Lochlannach a chumail fhad 's a tha a' Ghàidhlig air fuireach nas làidire ann an sgìrean croitearachd leithid na h-Eileanan Siar.

Tha a' Ghàidhlig air a bhith ga labhairt gu traidiseanta ann an Sgìrean Croitearachd Ghallaibh, Cataibh, Ros is Crombaidh, Inbhir Nis, Earra-Ghàidheal agus na h-Eileanan Siar; le Gàidhlig mar chiad chànan aig mòran de na croitearan as sine sna sgìrean sin. Tha ath-fhuaimean làidir den Ghàidhlig agus a cultar air feadh ceann a tuath agus taobh an iar Alba, faicsinneach gu h-àraid ann an ainmean-àite. San àm a dh'fhalbh, thàinig mòran sgoilearan, bàird, sgrìobhadairean agus luchd-ciùil ainmeil Gàidhlig à bailtean croitearachd. Bu mhath le Coimisean na Croitearachd sgìrean croitearachd fhaicinn a' leantainn orra a' toradh a leithid sin de dhaoine tàlantach, a tha a' roinn an cultair agus an cànan don t-saoghal mhòr a thuilleadh air a bhith a' brosnachadh ùidh agus uail ann an cleachdadh na Gàidhlig nan coimhearsnachdan fhèin.

B' e 57,375 an àireamh iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chlàradh ann an cunntas-sluaigh 2011, b' e sin 1.1% de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba. Tha luchd-labhairt na Gàidhlig sgaoilte air feadh Alba agus tha dìreach còrr air leth a' fuireach ann an sgìrean na Gàidhealtachd. Is iad na h-Eileanan Siar am prìomh àite as làidire don chànan agus tha Gàidhlig air a labhairt leis a' mhòr-chuid de dhaoine ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar, agus ann am paraiste Chille Mhoire san Eilean Sgitheanach taobh a-staigh roinn Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha còrr air 6,300 croit ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar agus timcheall air 10,000 ann an roinn na Gàidhealtachd. Tha sgrùdaidhean rannsachaidh air a thaisbeanadh gu bheil dàimh gu h-àraid làidir eadar an co-chuid de luchd-labhairt na Gàidhlig agus croitearan clàraichte air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha 59 bun-sgoil ann an Alba a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) agus 34 àrd-sgoil sa bheil clasaichean Gàidhlig no teagasg cuspair tro mheadhan a' chàinain.

Ann an 2018-19, bha 6,773 neach-cloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig:

- Solar Gàidhlig (0-3) – 56 àite
- Sgoiltean-àraich Gàidhlig – 1078 neach-cloinne
- Foghlam tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil – 3467 sgoilear
- Foghlam tron Ghàidhlig san àrd-sgoil – 1423 sgoilear

Tha mòran chothroman an lùib chlasaichean Gàidhlig do dh'inbich air feadh sgìre obrachaidh a' Choimisein. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air www.learnghaelic.net.

Tha Coimisean na Croitearachd co-stèidhichte le Bòrd na Gàidhlig ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir agus tha raon farsaing de bhuidhnean Gàidhlig agus de bhuidhnean coimhearsnachd le fuincsean Gàidhlig rim faotainn tarsainn raon obrachaidh a' Choimisein (gun luaidh air Arcaibh agus Sealtainn).

Tha Coimisean na Croitearachd, le bhith a' toirt seasmhachd gu coimhearsnachdan croitearachd, air buannachd a thoirt gu cànan is cultar na Gàidhlig san àm a dh'fhalbh, agus a' rùnachadh taic a chur ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

On a chaidh BBC Alba a chur air bhonn, tha obair nan croitearan taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Gàidhlig air àite fhaighinn ann an diofar phrògraman, a' gabhail a-steach Air an Lot agus Deuchainnean Choin-chaorach. Tha an seòrsa prògram seo a' cuideachadh le obair nan croitearan a thaisbeanadh agus an ceangal eadar cànan na Gàidhlig agus croitearachd. A thuilleadh air an sin, tha an Coimisean air bhidiothan ann an Gàidhlig a thoirt gu buil, a' sealltainn croitearan ag obair.

Gàidhlig taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd

Tha a' Ghàidhlig air a bhith a-riamh na pàirt iomlan den Choimisean; le eachdraidh na buidhne agus na ceanglaichean leis an dà chuid croitearan agus buill luchd-obrach don chànan.

Le bhith ag obair a dh'ionnsaigh lèirsinn Choimisean na Croitearachd, “gun lean croitean agus coimhearsnachdan croitearachd orra a’ neartachadh brìgh shòisealta, chultarach, eaconamach agus àrainneachdail nan sgìrean croitearachd” mar a tha ainmichte sa Phlana Chorporra, thèid na builean soirbheachail a leanas a choileanadh a thaobh taic don Ghàidhlig:

- Meudachadh anns an luach a tha air a chur air cultar traidiseanta, cànan, sgilean agus eòlas co-cheangailte ri croitearachd
- Inbhe nan cànan is dualchainntean dùthchasach a tha air an togail taobh a-staigh na buidhne againn.

In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig

Stiùir Coimisean na Croitearachd sgrùdadh iomlanach air comas làithreach Gàidhlig air an taobh a-staigh, mar phàirt den ullachadh air a’ Phlana Ghàidhlig seo. Chaidh beachdachadh air builean an sgrùdaidh seo nuair a bhathar a’ leasachadh dhealasan anns a’ Phlana agus tha sin air an Coimisean a chuideachadh ann an dearbhadh mar a ghabhas cleachdaidhean a stèidheachadh, a chumail suas agus fheabhasachadh gu cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh.

Chaidh Suirbhidh mun Ghàidhlig a choileanadh sa Mhàrt 2015 air Coimiseanairean agus luchd-obrach a’ Choimisein gus an tuigse agus an comas labhairt, leughaidh, sgrìobhaidh no tuigse don Ghàidhlig, a dhearbhadh. A-mach à 71 neach fa leth, don tugadh cuireadh gu com-pàirteachadh san t-suirbhidh, fhreagair 29 no 41%. Lorg an t-suirbhidh a-mach às an fheadhainn a fhreagair:

- 21% den luchd-obrach fileanta no le comas-còmhraidh sa Ghàidhlig
- 42% le comas labhairt agus tuigse do bheagan fhacail ann an Ghàidhlig
- 35% comasach air fàilte a chur ann an Ghàidhlig
- 11% comasach air Ghàidhlig a leughadh gu fileanta

Tha 11% de na com-pàirtichean san t-suirbhidh air cùrsaichean Gàidhlig a fhrithealadh taobh a-muigh an àite-obrach agus tha 38% air trèanadh Gàidhlig a fhrithealadh taobh a-staigh an àite-obrach. Thuit 45% de na com-pàirtichean san t-suirbhidh gum bu mhath leotha barrachd cleachdaidh ann an labhairt sa Ghàidhlig san àite-obrach, agus thuit 31% gum bu toigh leotha luchd-obrach le Gàidhlig còmhraidhean a thòiseachadh ann an Ghàidhlig.

Thog àireamh de bheachdan bhon luchd-obrach air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh a’ Choimisein san obair làitheil:

- Seo an dàrna seachdain agam aig a’ Choimisean agus tha mi air mo ghlacadh leis an uimhir de Ghàidhlig a thathar a’ cleachdadh gu làitheil san oifis.
- Mar oifigear a’ dèiligeadh ri obair riaghlaidh sna h-Eileanan Siar, bidh mi gu tric a’ còmhradh le croitearan ann an Ghàidhlig – ma thòisicheas iad a’ còmhradh sa Ghàidhlig, an dèidh blas nan eilean aithneachadh nam chainnt.
- Bidh mi a’ labhairt ri ar teachdaichean Gàidhlig gach latha. Bidh mi a’ labhairt ri co-obraichean Gàidhlig gach latha. Chaidh iarraidh orm cuideachadh le aon de na clasaichean Gàidhlig an seo ann an Taigh a’ Ghlinne Mhòir. Bidh mo cho-obraichean ag iarraidh orm Gàidhlig eadar-theangachadh gach latha (i.e. ainmean agus seòlaidhean ann an Ghàidhlig no seantansan Gàidhlig).

Tha àireamh den luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig agus tha iad uile a’ dèiligeadh bho latha gu latha le teachdaichean. Is e an Coimiseanair Iain M. MacIomhair neach-labhairt Gàidhlig ainmichte a’ Choimisein, agus a thuilleadh air an sin tha an Neach-gairm agus an t-Àrd-Oifigear

air clasaichean còmhraidh Gàidhlig a fhrithéaladh còmhla ri buill den luchd-obrach. Far an gabh e a dhèanamh, bidh luchd-obrach agus buill den Bhòrd le Gàidhlig a' conaltradh air poileasaidhean a' Choimisein agus ag adhartachadh chùisean croitearachd ann an agallamh tro na meadhanan Gàidhlig.

Tha an Coimisean a' toradh àireamh de fhoillseachaidhean dà-chànanach leithid an Aithisg Bhliadhnail agus tha tionndadh Gàidhlig air làrach-lìn a' Choimisein.

Gheibhear toraidhean an làn-sgrùdaidh agus Suirbhidh na Gàidhlig ann am [Pàipear-taic 1](#).

Chaidh suirbhidh ùr a choileanadh san Ògmhios 2018, agus gheibhear na toraidhean sin cuideachd ann am [Pàipear-taic 1](#).

AM PLANA GÀIDHLIG ANN AN STRUCTAR CORPORRA

Is e am plana seo poileasaidh Coimisean na Croitearachd agus tha e air aontachadh leis an àrd-sgioba againn agus le buill a' Bhùird.

Dreuchd le uallach obrachail air a' phlana

Is e am prìomh oifigear le uallach obrachail airson amharc thairis air ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd:

Sine NicThòmais
Ceannard Gèillidh

Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis

IV3 8NW

01463 663429

Jane.Thomas@crofting.gov.scot

Dreuchd le uallach bho latha gu latha air a' phlana

Tha an Ceannard Gèillidh a' gabhail dleastanas Oifigear Gàidhlig a' Choimisein, le uallach bho latha gu latha air a' Phlana.

Buidheann a' cumail sùil air leasachadh, buileachadh agus sgrùdadh a' Phlana

Gus am prìomh oifigear a chuideachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig air fhighe taobh a-staigh an structair chorporra, tha Aithisg Sgrùdaidh ga cur a-steach gu àrd-sgioba riaghlaidh na buidhne air bhunait ràitheil. Tha ath-sgrùdadh ga dhèanamh air cuideachd gach bliadhna le Bòrd nan Coimiseanairean.

Buill fa leth den luchd-obrach

Bheir Coimisean na Croitearachd fiosrachadh do luchd-obrach mu an dleastanasan fon Phlana Ghàidhlig tro chonaltraidhean cunbhalach a-staigh, còmhraidhean mìosail le sreath-mhanaidsearan agus coinneamhan sgioba. Tha am Plana Gàidhlig air a mheas mar aon de phrìomh sgrìobhainnean poileasaidh na buidhne agus tha e air a ghabhail a-steach sa Phasgan Inntrigidh do Choimiseanairean agus Trèanadh Inntrigidh do bhuill ùra luchd-obrach.

Seirbheisean air an liubhairt le treas phàrtaidhean agus Buidhnean Air Astar

Bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil iadsan a tha a' liubhairt sheirbheisean/bathar às leth a' Choimisein, mothachail do agus gun cùm iad ri dealas ar Plana Gàidhlig tro an riatanas sin ainmeachadh ann an tairgsinn agus cunnraidheadh sheirbheisean/bathar.

BUAIDHEAN PLANAIDH IS POILEASaidh DON GHÀIDHLIG

Prìomh-shruthadh Gàidhlig

Tha Coimisean na Croitearachd a’ tuigsinn gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, air am buileachadh sa chiad àite tro ar Plana Gàidhlig ach gun èirich cothroman airson an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro cheumannan poileasaidh a tha an làthair aig an àm seo. Sgrùdaidh an Coimisean dealasan poileasaidh làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faodar Gàidhlig a ghabhail a-steach gu ro-ghnìomhach agus prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thòiseachadh tro dhòighean eile. Tha sinn a’ faicinn an leasachaidh seo ann an co-rèir ris a’ phrionnsapal àbhaisteachaidh, a tha ag amas air Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba.

Ann an cumadh, ath-ùrachadh agus sgrùdadh air poileasaidhean, bidh an Coimisean a’ beachdachadh air na dealasan a tha dèante sa Phlana Gàidhlig seo agus a’ dèanamh cinnteach gum bi na buaidhean air a’ Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a’ cuimseachadh air trì prìomh amasan, uile le comas deatamach air an àireamh de dhaoine ag ionnsachadh, a’ labhairt agus a’ cleachdadh Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh. Tha an clàr gu h-ìosal a’ mìneachadh mar a chuireas Coimisean na Croitearachd taic ri buileachadh air na prìomhachasan a tha minichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig; a’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig, a’ meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig agus ag adhartachadh na Gàidhlig.

Raon Leasachaidh	Prìomh Bhuilean
Cleachdadh Gàidhlig	Tha Coimisean na Croitearachd a’ tuigsinn gu bheil inbhe cànanain fo bhuaidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, an luach a thathar a’ cur oirre agus an luach a thathar a’ faicinn gu bheil na h-aitreabhan sin aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil, a’ cur oirre. Tha an Coimisean a’ tuigsinn cuideachd gu bheil cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, ag iarraidh chan e a-mhàin meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas labhairt air a’ chànan, ach a fìor chleachdadh a mheudachadh. Tha sinn a’ tuigsinn cho cudromach ’s a tha e comas a thoirt do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus as àbhaistich dhaibh, ann an raon a tha a’ sìor leudachadh de ghniomhan làitheil. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd ’s nan Eilean:

Raon Leasachaidh	Prìomh Bhuilean
Cleachdadh Gàidhlig	• Meudachadh ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig tro raon de sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean far a bheil comasan Gàidhlig aig 20% no barrachd den àireamh-sluaigh. • Adhartachadh iomairtean a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg gach seòrsa coimhearsnachd de luchd-labhairt. • Adhartachadh iomairtean a tha ag ùisneachadh sgilean agus comasan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an gnìomhachdan coimhearsnachd.
Ionnsachadh Gàidhlig	Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig ag iarraidh meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas labhairt air a' chànan. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha foghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha gus an t-amas seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas mar chuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig sa Choimisean, a mheudachadh. • Leudachadh cothrom air, agus com-pàirteachadh ann an raon de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do luchd-obrach agus Coimiseanairean agus mothachadh bunasach don chànan, a mheudachadh. Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig ag iarraidh barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan agus gum feum aire a bhith cuimsichte air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar a' phrìomh dhòigh air seo a choileanadh. Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gur e sgil chudromach a th' anns a' Ghàidhlig a tha a' cur luach ri ar sgioba-obrach, agus gum bi buaidh dheimhinneach aig aithne fhoirmeil is fhosgailte do sgilean Gàidhlig air a' mhargaid obrach fharsaing. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus ar comas Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh, mar chànan àite-obrach ann an Alba: • Cruthachadh seasamh deimhinneach don Ghàidhlig san àite-obrach tro thogail mothachadh agus soidhneachd. • Meudachadh chothroman do luchd-obrach gu Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman do luchd-labhairt gu an sgilean a leasachadh.

Raon Leasachaidh	Prìomh Bhuilean
Ionnsachadh Gàidhlig	• Adhartachadh trusadh air luchd-labhairt na Gàidhlig, far a bheil seo na sgil dheatamach, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' sior fhàs faicsinneach agus air a cleachdadh san àite-obrach agus ann an solarachadh sheirbheisean don phoball. • Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn gu bheil àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig ag iarraidh gun ionnsaich barrachd dhaoine an cànan, agus gum feum aire a bhith cuimsichte air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar phrìomh dhòigh air seo a choileanadh.
Adhartachadh Gàidhlig	Tha Coimisean na Croitearachd ag aithneachadh am prìomh àite a tha aig gnìomhachasan nam meadhanan, ealain, dualchas agus turasachd ann a bhith a' cumail suas agus a' fàs conaltradh agus cleachdadh meudaichte air Gàidhlig air feadh Alba. Cuideachd, tha sinn a' tuigsinn an tabhartas cudromach a tha na sgìrean sin a' cur ri eaconamaidh na h-Alba. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs anns na meadhanan, ealain, dualchas is turasachd Ghàidhlig ann an Alba: • Brosnachadh chothroman do na h-ealain agus na meadhanan airson na Gàidhlig a thaisbeanadh. • Adhartachadh faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig mar phàirt gun choimeas de dhualchas na Gàidhlig. • Dèanamh cinnteach gu bheil guth air leth croitearachd air adhartachadh ann an Gàidhlig le bhith a' cleachdadh mheadhanan Gàidhlig agus a' cruthachadh susbaint ùr mheadhanan ann an Gàidhlig.

Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Coimisean na Croitearachd ag obair gus an cànan a neartachadh tarsainn ar conaltraidhean agus ar buidhne, a chuireas ri sunnd cultarach na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a choileanadh, de bhith a' cruthachadh Alba a tha:

- Nas beartiche agus nas cothromaiche
- Nas glise
- Nas fhallaine
- Nas sàbhailte agus nas làidire
- Nas uaine

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Chinn-uidhe Ro-innleachdail na h-Alba, tadhail air: <http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/objectives>

Tha sia-deug Builean Nàiseanta na h-Alba a' mìneachadh mar a tha an Riaghaltas ag amas air a bhuilean ro-innleachdail a choileanadh, agus a' toirt cunntas air na tha an Riaghaltas a' strì ri choileanadh san àm ri teachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Bhuilean Nàiseanta na h-Alba, tadhail air:

<http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/outcome>

GEALLTANASAN A' PHLANA

Amasan Àrd-ìreil

Tha na h-amasan àrd-ìreil a leanas air am mìneachadh mar fhìor phrìomhachasan don Choimisean mar thaic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig làithreach agus do na Builean Nàiseanta:

TRON PHLANA	
Na gealltanasan uile bhon eagraan mu dheireadh de Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd a thoirt air adhart agus a ghabhail a-steach, a tha taobh a-staigh raon dleastanais Coimisean na Croitearachd.	
Buil Mholta:	Na gealltanasan uile air an coileanadh no thairis air an sin mura deach an ionadachadh le nì eile.
Cleachdadh Làithreach:	Tha 59 gealltanas ann am plana làithreach a' Choimisein, a tha sgrùdaichte agus air aithris orra gach ràithe.
Gnìomh a dhìth:	Tha inbhe gach gealltanas làithreach Uaine, ach bidh mionaideachd cuid de na nithean air a leasachadh anns an eagraan ùr den Phlana.
Ceann-latha amasaichte:	Gheibhear fiosrachadh mionaideach mun seo mu choinneamh nam builean ùra air a bheilear a' togail ann an aithisg sgrùdaidh 2020-2025.
Oifigear Cunntachail:	Sìne NicThòmais, Ceannard Gèillidh.
CLEACHDADH GÀIDHLIG	
Cruthaichidh agus togaidh Coimisean na Croitearachd air cothroman do luchd-obrach agus teachdaichean gu Gàidhlig a chleachdadh ann an eadar-obrachaidhean làitheil leis a' Choimisean, a' togail air an obair a tha mìnachd ann an aithisg sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig.	
Buil Mholta:	Bidh meudachadh anns an àireamh agus càileachd eadar-obrachaidhean làitheil a' cleachdadh Gàidhlig, an dà chuid am measg luchd-obrach agus le teachdaichean.
Cleachdadh Làithreach:	Tha Gàidhlig ga cleachdadh gach latha le àireamh chuibhrichte den luchd-obrach, a bhios a' comhradh ri buill eile den luchd-obrach agus le teachdaichean.
Gnìomh a dhìth:	Tha feum air tomhas cunbhalach a leasachadh, gus an ìre de dh'eadar-obrachadh a mheasadh, gu h-àraid le teachdaichean agus thèid diofar dhòighean brosnachaidh air barrachd Gàidhlig ann an còmhraidh, a rannsachadh.
Ceann-latha amasaichte:	Tro bheatha a' phlana, le leasachadh ceum air cheum.
Oifigear Cunntachail:	Sìne NicThòmais, Ceannard Gèillidh.

IONNSACHADH GÀIDHLIG

Bidh Coimisean na Croitearachd a' taisbeanadh a dhealas a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig le bhith a' tabhann cothroman air Gàidhlig ionnsachadh do gach ball ùr den luchd-obrach, agus le bhith a' gabhail Gàidhlig a-steach mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùr, agus libhrigeadh sheiseanan Mothachaidh don Ghàidhlig tarsainn na buidhne airson gach bliadhna den phlana.

Buil Mholta:	Chì gach ball den luchd-obrach gu bheil an tairgse air cothroman gu Gàidhlig ionnsachadh agus sgilean cànan a leasachadh, na phàirt de thairgse àbhaisteach Coimisean na Croitearachd agus aig teis-meadhan ionnsachaidh is leasachaidh sa bhuidheann.
---------------------	--

Cleachdadh Làithreach:	Tha seiseanan Mothachaidh don Ghàidhlig air an tabhann don luchd-obrach uile agus do Choimiseanairean, co-dhiù dà uair sa bhliadhna. Tha an GLP mar phàirt den Phròiseas Inntrigidh do luchd-obrach ùr agus tha clasaichean cànan bunasach rim faotainn.
-------------------------------	--

Gnìomh a dhìth:	Bidh sgaoileadh air sgilean cànan air a dhoimhneachadh le cuimse air leudachadh ionnsachaidh taobh a-muigh a' chlasrum, agus iadsan le cuid de sgilean cànan air am brosnachadh gu bhith a' cur air adhart cleachdadh làitheil air a' Ghàidhlig san àite-obrach.
------------------------	--

Ceann-latha amasaichte:	Tro bheatha a' phlana.
--------------------------------	------------------------

Oifigear Cunntachail:	Sìne NicThòmais, Ceannard Gèillidh.
------------------------------	-------------------------------------

ADHARTACHADH GÀIDHLIG

Cuiridh Coimisean na Croitearachd cuideam co-ionann air taisbeanadh fiosrachaidh ann an Gàidhlig agus Beurla na phrìomh fhoillseachaidhean uile, agus leanar air adhart a' togail làthaireachd nas motha ann an Gàidhlig air àrd-ùrlaran nam meadhanan sòisealta. An taobh a-staigh Poileasaidh Co-ionannachd is Iomadachd agus Plana Gnìomha a' Choimisein, bidh e gu sònraichte a' ceangal adhartachadh air amasan a' Phlana Gàidhlig le cinn-uidhe iomadachd luchd-obrach, agus leanaidh e ag adhartachadh cothroman obrach do luchd-labhairt na Gàidhlig, tro dhòighean leithid buill den luchd-obrach le Gàidhlig a' frithealadh fèilltean dhreuchdan.

Buil Mholta:	Bidh e glè shoilleir do theachdaichean agus luchd-obrach le chèile gu bheil am buidheann a' brosnachadh, a' tasgadh ann agus ag adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig.
---------------------	---

Cleachdadh Làithreach:	Bidh prìomh fhoillseachaidhean air an sgaoileadh ann an Gàidhlig agus Beurla, le làrach-lìn dà-chananach agus làthaireachd Gàidhlig sna meadhanan sòisealta. Bidh na foirmeas as motha a tha air an cleachdadh dà-chananach ann am pàirt. Tha luchd-obrach gam brosnachadh gu Gàidhlig a chleachdadh taobh a-staigh an t-siostaim measadh coileanaidh. Thathar a' cur taic ri tachartasan Gàidhlig mar am Mòd agus fèilltean dhreuchdan.
-------------------------------	--

Gnìomh a dhìth:	Togail làthaireachd nas motha air Gàidhlig sna meadhanan sòisealta agus barrachd cuideam air Gàidhlig ann am blogaichean agus air an làrach-lìn. Dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air a fighe a-steach do leasachaidhean didseatach sam bith, leithid pròiseasan tagraidh air-loidhne.
Ceann-latha amasaichte:	Tro bheatha a' phlana 2025.
Oifigear Cunntachail:	Sìne NicThòmais, Ceannard Gèillidh.

Tha an Coimisean dealasach a thaobh nan amasan àrd-ìreil a choileanadh tro bhuileachadh air a' Phlana Ghàidhlig seo.

Amasan na Seirbheis Chorporra

Tha cruthachadh shuidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha phoblach air a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig, mar phrìomh fheart ann an àbhaisteachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig. Tha còig phrionnsapalan ioma-chuimseach ann:

- Spèis Co-ionann
- Tairgse Ghnìomhach
- Treas Phàrtaidhean
- Àbhaisteachadh
- Pàrantachd Chorporra

Tha am Bòrd air còig phrìomh raointean de liubhairt seirbheis a chomharrachadh, leis a bheil e airson Coimisean na Croitearachd dèiligeadh nuair a tha iad a' deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca:

- Inbhe
- Conaltradh leis a' phoball
- Fiosrachadh
- Luchd-obrach
- Corpas

Tha àite cudromach aig na prìomh dhealasan ann an togail ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig. Tha an Coimisean an dùil cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh comasach agus a bhrosnachadh tro na prìomh còig raointean gu h-àrd, gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail na obrachaidhean gnothachais agus ann an liubhairt a sheirbheisean riaghlaidh.

Tha Coimisean na Croitearachd ag obrachadh air a' Ghàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba. Tha na h-Eileanan a Tuath co-cheangailte ri cànanan Nòrnais seach Gàidhlig, agus tha mòran luchd-labhairt na Gàidhlig a thuilleadh air ceanglaichean làidir cultarach leis a' Ghàidhlig anns an Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan an Iar. Ann an sgìrean croitearachd eile, bha a' Ghàidhlig ga cleachdadh san àm a dh'fhalbh ach chan eil cleachdadh na Gàidhlig cho cumanta 's a bha e. Tha Coimisean na Croitearachd air gabhail ris an ìre as ìsle de sholar anns gach raon obrachaidh againn agus air ìre nas àirde de sholar a chleachdadh ann an raointean far a bheil an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde.

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh, agus tha an earrann seo a' mìneachadh na h-ìre de sholar Gàidhlig a tha e a' sùileachadh ri sholarachadh ann am beatha 5-bliadhna a' Phlana. Tha am Plana Gàidhlig a' riochdachadh puing tòiseachaidh, agus tha Coimisean na Croitearachd an dòchas a dhol seachad air targaidean agus solar Gàidhlig a mheudachadh beag air bheag thar beatha a' phlana.

Tha na duilleagan a leanas a' toirt fiosrachadh mionaideach mu na gnìomhan a bhios an Coimisean a' gabhail os làimh, a thaobh dealasan seirbheis chorporra thar nan còig bliadhna a tha ri teachd, gus am Plana seo a bhuileachadh gu h-èifeachdach.

Inbhe

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne corporra agus soidhneachadh ùghdarrais ionadail gu mòr a' neartachadh faicsinneachd a' chànan, meudachadh a h-inbhe agus a' dèanamh aithris chudromach mu dheidhinn mar a thathar a' cur luach air Gàidhlig agus a' toirt aithne dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhneachadh briathrachas luchd-labhairt a shaidhbheachadh, mothachadh a' phobaill don chànan a thogail agus cuir ri a leasachadh.

Tha Coimisean na Croitearachd ag aithneachadh cudromachd a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' neartachadh a h-inbhe.

FUINCSEAN LEASACHAIDH	SUAICHEANTAS CORPORRA
Buil Mholta:	Àbhaisteachadh faicsinneachd is cluinntinneachd na Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de dhearbh-aithne Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha suaicheantas a' Choimsein gu h-iomlan dà-chànanach; pàipearachd, a' gabhail a-steach cinn-litreach, bileagan conaltraidh is cairtean gnothachais gu h-iomlan dà-chànanach; tiotal dhreuchdan, ainm roinnean is sgioba, ainmean-sgrìobhte phuist-d, teachdaireachdan phuist-d fèin-ghluasadach dà-chànanach, prìomh fhoillseachaidhean dà-chànach leithid an Aithisg Bhliadhnail.
Gnìomh a dhìth:	Bidh luchd-obrach uile air am brosnachadh gu teachdaireachd Ghàidhlig a chumail air a' fòn deasg aca agus na gnìomhan gu h-àrd uile a leantainn.
Ceann-latha amasaichte:	2021 agus às a dhèidh.
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh
FUINCSEAN LEASACHAIDH	SOIDHNEACHADH
Buil Mholta:	Àbhaisteachadh faicsinneachd is cluinntinneachd na Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de dhearbh-aithne agus soidhneachadh Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha soidhnichean a-muigh air togalaichean oifis agus ann an raointean pàircidh gu h-iomlan dà-chànanach; tha soidhneachadh uile a-staigh dà-chànanach, soidhnichean agus fiosrachadh don phoball san raon fàilteachais gu h-iomlan dà-chànanach far an gabh sin a dhèanamh.
Gnìomh a dhìth:	Cumail suas na h-ìre làithreach de shoidhneachadh dà-chànanach agus dèanamh cinnteach gu bheil soidhneachadh ùr sam bith gu h-iomlan dà-chànanach.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Buidheann Cleachdaidh Taigh a' Ghlinne Mhòir

Luchd-obrach

Gus seirbheisean a' libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach na sgilean obrach air a bheil feum agus sgilean cànan an luchd-obrach a leasachadh. Tha bhith a' solarachadh ionnsachadh cànan do luchd-obrach a' cuideachadh le ionnsachadh Gàidhlig inbheach adhartachadh agus ag adhartachadh na Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Cuiridh comharrachadh air obraichean sa bheil a' Ghàidhlig na sgil ainmichte gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil dheimhinneach.

Tha cleachdadh air Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh le aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a bhith ga cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh ùghdarras poblach.

Ge 'r bith dè an ìre de sgilean a thathar ag iarraidh, tha e cudromach gun dèan na h-ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na riatanas obrach fìor. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais neo-phàirteach agus an cur an cèill gus dèanamh cinnteach gu bheil fastaidhean gan dèanamh anns gach cùis air bhunait chothromach is chunbhalach, agus a' nochdadh feumalachdan comharraichte na dreuchd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' toirt aithne don chudromachd a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach bhuadhach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a cleachdadh riatanach no ion-mhainnaichte. Tha an Coimisean ag aithneachadh cuideachd cudromachd a bhith a' comasachadh luchd-obrach gu an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad a' rùnachadh sin a dhèanamh.

FUINCSEAN LEASACHAIDH	SANASACHD DHREUCHDAN AGUS TRUSADH LUCHD-LABHAIRT NA GÀIDHLIG
Buil Mholta:	Tha Coimisean na Croitearachd a' trusadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan fosgailte do luchd-labhairt na Gàidhlig agus dèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan sa bheil feum air neach-labhairt Gàidhlig, gan comharrachadh.
Cleachdadh Làithreach:	Tha poileasaidh trusaidh ag aithneachadh Gàidhlig mar sgil riatanach ann an dreuchdan sònraichte agus feumaidh co-dhiù aon Choimiseanair a bhith na neach-labhairt Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth:	Dèanamh cinnteach gu bheil Plana Sgiobachd a' Choimisein ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na sgil riatanach ann an dreuchd(an) fàiltiche-fòn agus a' gabhail a-steach seo a-steach ann am Plana Leantainneachd a' Choimisein. Brosnachadh luchd-labhairt na Gàidhlig gu tagradh airson dhreuchdan bàna aig a' Choimisean le bhith a' sanasachd dhreuchdan bàna ann an Gàidhlig. .
Ceann-latha amasaichte:	2020/21
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh

FUINCSEAN LEASACHAIDH	IONNSACHADH GÀIDHLIG
Buil Mholta:	Taic do luchd-obrach a' Choimisein gu Gàidhlig ionnsachadh agus cothroman ga thoirt dhaibh an sgilean Gàidhlig a chleachdadh san obair.
Cleachdadh Làithreach:	Tha litrichean-naidheachd luchd-obrach a' nochdadh fiosrachadh mu chothroman ionnsachaidh; tha luchd-obrach gam brosnachadh gu Planaichean Ionnsachaidh Pearsanta a chleachdadh agus an ceann-uidhe lomachd Àithnteil ann an siostam Measadh Coileanaidh, gus feum a dhèanamh de chothroman air Gàidhlig ionnsachadh; tha leasan an Gàidhlig rim faotainn le luchd-obrach agus Coimiseanairean aig ìrean tòiseachaidh is eadar-mheadhanach, agus ged a tha iad air a' coimisein a' Choimisein tha clasaichean air an dèanamh deiseil do luchd-obrach bho Riaghaltas na h-Alba cuideachd.
Gnìomh a dhìth:	Comas ga thoirt do luchd-obrach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig gu seiseanan ath-obrach seachdaineach a chumail agus amannan cofaidh neo-fhoirmeil Gàidhlig airson an sgilean a dhaingneachadh. Luachadh dèante air ionnsachadh làithreach aig deireadh a' chùrsa san Dàmhair 2020, a' sùileachadh ris an t-solar seo a chumail a' dol.
Ceann-latha amasaichte:	2020/21 agus às dèidh sin
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh
FUINCSEAN LEASACHAIDH	TRÈANADH ANN AM MOTHACHADH DON GHÀIDHLIG IS BROSNACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG SAN ÀITE-OBRACH
Buil Mholta:	Taic do luchd-obrach a' Choimisein gu ionnsachadh mun Ghàidhlig agus cothroman fhaotainn gu an sgilean a chleachdadh san àite-obrach.
Cleachdadh Làithreach:	Clasaichean Gàidhlig seachdaineach air an eagrachadh airson 2018-2020; am Plana Gàidhlig air a chuirteachadh gu luchd-obrach agus Coimiseanairean uile; dealas a thaobh na Gàidhlig na phàirt den phròiseas inntrigidh ùr luchd-obrach; 2 sheisean Mothachadh don Ghàidhlig air a chur air dòigh don luchd-obrach uile gach bliadhna; cothrom aig luchd-obrach innealan eadar-obrachail air-loidhne a ruighinn, a' cleachdadh meadhanan Gàidhlig.

Gnìomh a dhìth:	Seiseanan Mothachadh don Ghàidhlig adhartachadh gu h-àraid do luchd-obrach ùr; cothroman ionnsachaidh ionadail adhartachadh a thuilleadh air cothroman air an tabhann a-staigh; luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh a bhrosnachadh gu adhartachadh gu clasaichean eadar-mheadhanach.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh

Conaltradh leis a' phoball

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite coinneachaidh a tha aig buill den phoball le ùghdarras ionadail, a' meudachadh làthaireachd fhaicsinneach is chluinntinneach a' chànain agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air ìomhaigh a' chànain a thogail, tha e a' cruthachadh chothroman air cleachdadh practaigeach air a' Ghàidhlig agus a' brosnachadh bhall den phoball a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an eadar-obrachadh sam bith às dèidh sin le ùghdarras ionadail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachaidhean leis an ùghdarras tron phost, air post-d agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman practaigeach airson cleachdadh air a' chànan, agus ann an cur ris an fhaireachdainn gu bheil a cleachdadh comasach agus di-beathte. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon farsaing de fhoirmean dà-chànanach agus foirmean Gàidhlig a-mhàin, faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig a neartachadh gu mòr. Faodaidh ullachadh air foirmean, tagraidhean Gàidhlig agus pàipearachd den leithid sin, cuideachadh gu mòr leis an raon de bhriathrachas Gàidhlig a leudachadh agus mothachadh a' phobaill le Gàidhlig gu a leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh leasachadh air a' chànan fhèin.

Tha Coimisean na Croitearachd ag aithneachadh cudromachd a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach air a' Ghàidhlig ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus dealasach a thaobh a h-ìre solair a mheudachadh san raon seo.

FUINCSEAN LEASACHAIDH	SEIRBHEIS FÒN
Buil Mholta:	Tha Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte air conaltradh fòn ann an Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Luchd-obrach fàilteachais a' freagairt an fhòn ann an Gàidhlig. Tha luchd-gairm a tha airson leantainn orra a' conaltradh mu an gnothaich ann an Gàidhlig air an stiùireadh gu oifigear le Gàidhlig far an gabh sin a dhèanamh, no tillidh neach le Gàidhlig thuca taobh a-staigh 24 uair a thìde; luchd-obrach aig a' suids-bòrd fileanta ann an Gàidhlig; teachdaireachd dà-chànanach air a' fòn sa phrìomh raon fàilteachais agus air fònaichean grunn oifigearan eile.
Gnìomh a dhìth:	Gairmean fòn a' tighinn a-steach gam freagairt le abairt Ghàidhlig bhunasach: Madainn mhath no Feasgar math. Planadh Leantainneachd a dhìth airson prìomh dhreuchd neach-fàilteachaidh, oir is e seo dreuchd far a bheil Gàidhlig riatanach. Teachdaireachdan guth-fòn uile a' gabhail a-steach Gàidhlig. Far a bheil e aithnichte gun fheàrr le daoine no buidhnean fa leth conaltraidhean ann an Gàidhlig, cuirear seo air dòigh. Thèid oidhirpean a dhèanamh air an liosta làithreach a leudachadh.
Ceann-latha amasaichte:	2021/22
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh
FUINCSEAN LEASACHAIDH	PRÌOMH SHEIRBHEISEAN DON PHOBALL

Buil Mholta:	Luchd-obrach a' Choimisein a' cur fàilte agus a' cuideachadh luchd-labhairt na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha dithis den luchd-obrach fileanta ann an Gàidhlig, gach aon aca le dreuchd a' dèiligeadh ri teachdaichean; tha luchd-obrach air an taghadh aig a bheil comas air daoine a chuideachadh, leis am feàrr conaltradh ann an Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth:	Planadh Leantainneachd gus dèanamh cinnteach nach crìon ìre agus càileachd na seirbheis làithrich san àm ri teachd.
Ceann-latha amasaichte:	2012/22
Oifigear Cunntachail:	CEO
FUINCSEAN LEASACHAIDH	LITRICHEAN SGRÌOBHTE
Buil Mholta:	Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte agus a' freagairt chonaltraidhean sgrìobhte ann an Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Dealasach a thaobh seasamh taiceil a dh'ionnsaigh Gàidhlig air feadh na buidhne, air a stiùireadh le Bòrd nan Coimiseanairean agus àrd-mhanidsearan; litrichean sa phost agus puist-d ann an Gàidhlig gam freagairt ann an Gàidhlig; fiosrachadh conaltraidh na buidhne gu h-iomlan dà-chànanach.
Gnìomh a dhìth:	Cumail suas ìrean làithreach de sheirbheis agus dèanamh cinnteach nach eil sgilean deatamach gan call.
Ceann-latha amasaichte:	2021/22
Oifigear Cunntachail:	CEO agus Ceannard Gèillidh
FUINCSEAN LEASACHAIDH	FOIRMEAN
Buil Mholta:	Foirmean tagraidh Coimisean na Croitearachd agus Notaichean Stiùiridh uile le fiosrachadh dà-chànanach.
Cleachdadh Làithreach:	Tha am buidheann a' cur fàilte air foirmean air an lìonadh ann an Gàidhlig agus cruthaichidh iad tionndaidhean a dh'aon ghnòthaich den fhoirm, le iarraidh; tha an Coimisean a' dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig ga cleachdadh agus ga faicinn air na foirmean as bitheanta; tha foirmean Ais-fhiosrachaidh is Ghearanan rim faotainn ann an Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth:	Ath-sgrùdadh air foirmean a bharrachd agus stiùireadh ga choileanadh, gus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh. Beachdaich air buaidh foirmean air-loidhne ann an Gàidhlig.

Ceann-latha amasaichte:	2020/21/22/23
Oifigear Cunntachail:	Manaidsear Chonaltraidhean
FUINCSEAN LEASACHAIDH	COINNEAMHAN POBLACH
Buil Mholta:	Buill den phoball a' com-pàirteachadh ann an coinneamhan Coimisean na Croitearachd nan cànan ròghnaichte.
Cleachdadh Làithreach:	Coimiseanair le Gàidhlig ri fhaotainn airson choinneamhan; faodaidh coinneamhan an stiùireadh ann an Gàidhlig far an iarr 40% de chom-pàirtichean e; faodaidh Èisteachdan an stiùireadh ann an Gàidhlig, le iarraidh, tha iadsan a tha a' frithealadh Èisteachd gam fiosrachadh gum faod iad iarraidh cùisean a bhith air an coileanadh ann an Gàidhlig; Coimiseanairean a' fosgladh choinneamhan poblach, a' gabhail a-steach coinneamhan Bùird, le fàilte ann an Gàidhlig agus tha agallamhan leis na meadhanan gan coileanadh ann an Gàidhlig; tha sanasan choinneamhan dà-chànanach ann an sgìrean Gàidhlig.
Gnìomh a dhìth:	Ath-sgrùdadh a dhèanamh air fiosrachadh air-loidhne mu chumail choinneamhan ann an Gàidhlig agus briathrachas shanasan airson choinneamhan poblach ann an sgìrean Gàidhlig, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil tairgse ghnìomhach ga dhèanamh.
Ceann-latha amasaichte:	2021
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh

Fiosrachadh

Is urrainn do chleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan agus ann an raon de stuthan clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann an diofar dhòighean. Tha cleachdadh air a' Ghàidhlig a' cuideachadh le faicsinneachd na Gàidhlig àrdachadh, tha e a' neartachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus faodaidh e briathrachas làithreach agus ùr a leasachadh agus a neartachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le dealas ùghdarrais poblaich a thaisbeanadh a thaobh fiosrachadh cudromach a bhith ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air faicsinneachd agus inbhe a' chànain a neartachadh. On a bhios barrachd dhaoine a' ruigsinn fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro an làraichean-lìn, faodaidh solar airson cleachdadh na Gàidhlig inbhe is faicsinneachd na Gàidhlig a neartachadh gu mòr.

Tha Coimisean na Croitearachd dealasach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh sna raointean sin far a bheil nas motha ùidh sa chuspair aig a' phoball san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

FUINCSEAN LEASACHAIDH	MEADHANAN IS DÀIMHEAN POBLACH
Buil Mholta:	Faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig air an àbhaisteachadh mar phrìomh eileamaid ann an dàimhean poblach Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha brathan naidheachd co-cheangailte ri cùisean sna h-Eileanan an Iar agus Earra-Ghàidheal is Bòd, dà-chànanach; tha neach-labhairt Gàidhlig ri fhaotainn airson agallamhan ann an Gàidhlig far an gabh sin a dhèanamh; tha bhidiothan Gàidhlig air an toirt gu buil.
Gnìomh a dhìth:	Na meadhanan sòisealta a chleachdadh ann an Gàidhlig, a' meudachadh na h-àireimh de dh'eadar-chonaltraidhean; bhidiothan Gàidhlig fhollaiseachadh; blogaichean a chruthachadh ann an Gàidhlig.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Manaidsear Chonaltraidhean
FUINCEAN LEASACHAIDH	STUTHAN CLÒ-BHUAILTE
Buil Mholta:	Litreachas agus pàipearan a' Choimisein air am foillseachadh ann an Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha foillseachaidhean corporra air an toirt gu buil gu dà-chànanach; eadar-theangachadh de Gheàrr-chunntasan aontaichte a' Bhùird gam foillseachadh air an làraich-lìn againn.
Gnìomh a dhìth:	An ìre seirbheis làithreach ath-sgrùdadh agus beachdachadh air foillseachaidhean ùra sam bith.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Manaidsear Chonaltraidhean
FUINCSEAN LEASACHAIDH	LÀRACH-LÌN IS MEADHANAN SÒISEALTA

Buil Mholta:	Faicsinneachd mheudaichte air a' Ghàidhlig anns na tionndaidhean Beurla is Gàidhlig de làrach-lìn Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha susbaint làrach-lìn a' Choimisein ann an Gàidhlig, le eadar-aghaidh gu h-iomlan tro mheadhan na Gàidhlig airson an tionndaidh Ghàidhlig; an seòladh eadar-lìn Gàidhlig air a chleachdadh ann an co-bhonn leis an t-seòladh eadar-lìn Bheurla; tha susbaint an tionndaidh Ghàidhlig ga sgrùdadh gu cunbhalach airson ath-ùrachadh; sùil ga chumail air an àireamh de bhuillean airson àrd-ùrlaran na làraich-lìn agus nam meadhanan sòisealta; giùlan luchd-cleachdaidh ga leantainn gus cuideachadh leis na duilleagan as ainmeile a chomharrachadh airson ath-ùrachadh agus eadar-theangachadh.
Gnìomh a dhìth:	An ìre seirbheis làithreach a chumail suas agus a leasachadh, le cleachdadh meudaichte air Gàidhlig air àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta agus cleachdadh meudaichte air anailis chunbhalach gus leasachaidhean a stiùireadh.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Manaidsear Chonaltraidhean
FUINCSEAN LEASACHAIDH	TACHARTASAN IS TAISBEANAIDHEAN
Buil Mholta:	Faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig air an àbhaisteachadh mar phrìomh eileamaid ann am fuincseanan Coimisean na Croitearachd.
Cleachdadh Làithreach:	Tha stuthan taisbeanaidh dà-chànanach; làthaireachd aig Fèill nan dreuchdan Gàidhlig gach bliadhna le ball den luchd-obrach le Gàidhlig; taic do thachartasan Gàidhlig mar am Mòd.
Gnìomh a dhìth:	Togail air làthaireachd aig fèilltean dhreuchdan le barrachd den luchd-obrach gam frithealadh, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.
Ceann-latha amasaichte:	2020 agus às a dhèidh
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh

Corpas

Tha leasachadh na Gàidhlig san roinn seo deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Alba. Bheir aire don seo cead don Ghàidhlig briathrachas ùr a leasachadh agus clàran a' leantainn gu buntanas agus cunbhalachd nas motha. Mar thoradh air na h-adhbharan sin, gabhar ceumannan gus leasachadh leantainneach air a' Ghàidhlig a dhèanamh cinnteach.

Tha Coimisean na Croitearachd a' tuigsinn cho cudromach 's a tha leasachadh na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach do gach adhbhar iomchaidh agus airson a cleachdadh anns an raon a tha a' sìor fhàs de cho-theacsaichean sa bheil i a' nochdadh.

FUINCSEAN LEASACHAIDH	GNÀTHACHAS LITREACHAIDH NA GÀIDHLIG
Buil Mholta:	Coimisean na Croitearachd a' cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach:	Tha solar eadar-theangachaidh làithreach a' Choimisein ann an co-rèir ris a' ghnàthachas litreachaidh as ùire.
Gnìomh a dhìth:	Cuiridh an Coimisean a-mach tairgse ùr airson seirbheisean eadar-theangachaidh taobh a-staigh beatha a' Phlana seo.
Ceann-latha amasaichte:	2023
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh
FUINCSEAN LEASACHAIDH	MOTHACHAIL DO DH'AINMEAN-ÀITE MIONAIDEACH
Buil Mholta:	Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gu bheil ainmean-àite mionaideach gan cleachdadh tarsainn na buidhne.
Cleachdadh Làithreach:	Tha ainmean-àite mionaideach gan cleachdadh tarsainn na buidhne airson mapaichean, litrichean, foillseachaidhean, ann an co-rèir ri molaidhean Ainmean-Àite na h-Alba.
Gnìomh a dhìth:	Ìre seirbheis a chumail suas agus gluasad gu luath gus dàta agus litreachadh le mearachdan a cheartachadh.
Ceann-latha amasaichte:	Leantainneach
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Didseatach is Leasachaidh

FUINCSEAN LEASACHAIDH	SEIRBHEISEAN EADAR-THEANGACHAIDH IS EADAR-MHÌNEACHAIDH
Buil Mholta:	Ìre àrd de sheirbheisean eadar-theangachaidh a chumail suas.
Cleachdadh Làithreach:	Seirbheisean eadar-theangachaidh air an liubhairt le ùine-tillidh luath, agus le eadar-theangair aig a bheil eòlas math air raon gnothachais agus bunait theachdaichean Coimisean na Croitearachd.
Gnìomh a dhìth:	Seirbheisean eadar-theangachaidh rin cur a-mach gu tairgse airson cunnradh ùr.
Ceann-latha amasaichte:	2023
Oifigear Cunntachail:	Ceannard Gèillidh

BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig ann an gnìomh airson ùine de chòig bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Gun a bhith nas fhaide na deireadh na h-ùine seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a' phlana a' dèanamh a leithid de dh'atharrachaidhean agus a tha riatanach, agus cuirear e chun a' Bhùird airson aonta.

Foillseachadh a' Phlana

A-muigh

Thèid Plana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làrach-lìn againn. A thuilleadh air an sin, bidh sinn a' / ag:

- sgaoileadh brath naidheachd dà-chànanach ag ainmeachadh aonta is foillseachadh air a' Phlana.
- fàgail lethbhreacan den Phlana san oifis, don phoball.
- eagrachadh agallamhan mheadhanan a bhios air an tabhann ann an Gàidhlig agus Beurla.
- fiosrachadh luchd-ùidhe mun phlana ùr agus mar a bhios e ri fhaotainn.
- togail mothachadh don phlana tro na meadhanan sòisealta.
- sgaoileadh lethbhreacan den Phlana gu buidhnean Gàidhlig.
- dèanamh lethbhreacan rim faotainn ann am measgachadh de chruthan, le an iarraidh.

A-staigh

Do luchd-obrach agus Coimiseanairean, bidh sinn a' :

- sgaoileadh fios ann an litir-naidheach an luchd-obrach, a' leigeil aithne don luchd-obrach mar a gheibh iad am Plana.
- cur a' Phlana mar phàirt den Phasgan Inntigidh do Choimiseanairean agus mar phàirt den phròiseas inntigidh do luchd-obrach ùr.
- sàbhaladh a' Phlana air an eadra-lìon a-staigh, le làn ruigsinneachd air.
- cumail coinneamh den luchd-obrach uile gus mothachadh don Phlana agus a ghealltanasan a thogail.
- cur lethbhreac den Phlana chun na Roinne Urrasachd againn.

Goireasachadh a' Phlana

Bidh a' mhòr-chuid de ghnìomhachan a tha air am mìneachadh sa phlana seo gan gabhail a-steach agus gan àbhaisteachadh, mura h-eil a-cheana, tro bhuidseatan a' Choimisein a chaidh aontachadh leis an neach-urrais, Riaghaltas na h-Alba. Faodar maoineachadh bhon taobh a-muigh a shireadh airson phròiseactan fa leth leithid cruthachadh bhidiothan Gàidhlig agus stòrasan Gàidhlig a bharrachd airson ionnsachadh an luchd-obrach.

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Cumaidh Coimisean na Croitearachd sùil air buileachadh a' Phlana tro aithrisean ràitheil gu Àrd-Sgioba Stiùiridh a' Choimisein. Gheibh am Bòrd aithisg bhliadhnail mhionaideach air adhartas, a thèid an uair sin a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Crìochnaichidh Oifigear Gàidhlig a' Choimisein Aithisg Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig. Thèid seo ùrachadh gach ràithe gus gnìomhan a chomharrachadh mu choinneamh ghealltanasan. Tha foirm Aithisg Sgrùdaidh falamh ri fhaotainn ann an Pàipear-taic 5 airson fiosrachadh.

IN-SGRÙDADH AIR COMAS GÀIDHLIG

TOROIDHEAN SUIRBHIDH GÀIDHLIG LUCHD-OBACH

Ann an 2015, chaidh suirbhidh a choileanadh le Coimiseanairean agus luchd-obrach a' Choimisein gus an tuigse agus comas labhairt, leughaidh, sgrìobhaidh no tuigse don Ghàidhlig, a dhearbhadh.

A-mach à 71 neach fa leth a fhuair cuireadh gu com-pàirteachadh san t-suirbhidh, fhreagair 29, no 41%.

GEÀRR-IOMRADH DE THOROIDHEAN NA SUIRBHIDH

- Tha 6 no 21% den luchd-obrach fileanta no le comas còmhraidh sa Ghàidhlig.
- Is urrainn do 12 no 42% beagan fhacail ann an Gàidhlig a labhairt no a thuigsinn.
- B' urrainn do 10 no 35% fàilte a chur air daoine ann an Gàidhlig.
- Is urrainn do 3 no 11% leughadh gu fileanta.

Tha freagairtean do gach ceist a chaidh fhaighneachd, mar a leanas:

C1. Dè an comas labhairt a tha agad ann an Gàidhlig?

- Chan urrainn do 17 no 59% Gàidhlig a labhairt.
- Tha comas còmhraidh ann an Gàidhlig aig 2 no 7%.
- Tha 4 no 14% fileanta ann an Gàidhlig.
- Is urrainn do 1 no 3% beagan seantansan a thuigsinn agus a labhairt.
- Is urrainn do 5 no 17% beagan fhacail a thuigsinn agus a labhairt.

C2. Dè an comas a tha agad air fàilte a chur air daoine sa Ghàidhlig?

- Is urrainn do 4 no 14% fàilte a chur air daoine sa Ghàidhlig agus làn chòmhradh riutha.
- Is urrainn do 1 no 3% fàilte a chur air daoine sa Ghàidhlig agus còmhradh riutha mu chuspairean làitheil.
- Is urrainn do 5 no 17% fàilte a chur air daoine sa Ghàidhlig ach cha b' urrainn dhaibh làn chòmhradh a dhèanamh.
- Cha bhiodh 19 no 66% a' faireachdainn misneachail a' labhairt ri cuideigin ann an Gàidhlig.

C3. Dè an comas a tha agad a thaobh Gàidhlig agus croitearachd?

- B' urrainn do 3 no 11% còmhradh ri cuideigin mu chùisean croitearachd.
- B' urrainn do 3 no 11% còmhradh ri cuideigin mu chùisean croitearachd àbhaisteach / neo-theicnigeach.
- B' urrainn do 1 no 3% sgrìobhainn mu chùisean croitearachd a leughadh agus a thuigsinn.
- Cha bhiodh 22 no 75% misneachail gu còmhradh mu chùisean croitearachd.

C4. Dè an comas a tha agad air Gàidhlig a leughadh?

- Tha 3 no 11% comasach air Gàidhlig a leughadh gu fileanta.
 - Tha 4 no 14% comasach air beagan Gàidhlig a leughadh.
 - Chan eil comas aig 22 no 75% air Gàidhlig a leughadh.
- C5 An do fhrithheil thu a-riamh, no a bheil thu a' frithealadh trèanadh Gàidhlig taobh a-muigh an àite-obrach|?
- 3 no 11% - FHRITHEIL / THA
- C6 Dè an ìre trèanaidh a ghabh / a tha thu a' gabhail os làimh taobh a-muigh an àite-obrach?
- Dhaingich 2 gun robh trèanadh bunasach aca ann an Gàidhlig.
 - Dhaingnich 1 gun robh trèanadh eadar-mheadhanach aca ann an Gàidhlig.
- C7 An do fhrithheil thu trèanadh Gàidhlig a-riamh a bha pàighte leis a' Choimisean?
- 11 no 38% - FHRITHEIL
 - 18 no 62% - CHA DO FHRITHEIL
- C8 Dè an ìre trèanaidh a rinn thu?
- Dhaingnich 10 gun robh trèanadh bunasach aca ann an Gàidhlig.
 - Dhaingnich 1 gun robh trèanadh eadar-mheadhanach aca ann an Gàidhlig.
- C9 Am biodh ùidh agad ann an tuilleadh trèanaidh gus do sgilean Gàidhlig a leasachadh?
- 12 no 42% - BHIODH
 - 17 no 58% - CHA BHIODH
- C10 Am bu thoigh leat a bhith comasach air Gàidhlig a chleachdadh nas trice san oifis?
- 13 no 45% - BU THOIGH
 - 16 no 55% - CHA BU THOIGH
- C11 Am bu thoigh leat gun tòisichadh luchd-obrach fileanta còmhraidhean leat ann an Gàidhlig?
- 9 no 31% - BU THOIGH
 - 20 no 69% - CHA BU THOIGH
- C12 Beachdan sam bith eile a thaobh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh a' Choimisein?
Thug 6nar beachd air cleachdadh na Gàidhlig leis a' Choimisean:
- Seo an dàrna seachdain agam aig Coimisean na Croitearachd agus tha mi air mo ghlacadh leis na thathar a' cleachdadh de Ghàidhlig gu làitheil san oifis.
 - Rinn mi beagan trèanaidh o chionn fhada, ach seach nach do chleachd mi Gàidhlig airson ùine mhòr, chan eil mi a' faireachdainn gun do ghlèidh mi na dh'ionnsaich mi.
 - Rinn mi beagan trèanaidh bunasach o chionn còrr air bliadhna ach on nach b' urrainn dhomh Gàidhlig a chleachdadh, cha do ghlèidh mi na dh'ionnsaich mi – chan eil uair a thìde san t-seachdain gu leòr.
 - Tha mi a' faireachdainn gu bheil crìonadh air a thighinn air labhairt Gàidhlig taobh a-staigh a' Choimisein thar na 5 bliadhna mu dheireadh.

- Mar oifigear a' dèiligeadh ri obair riaghlaidh sna h-Eileanan Siar, bidh mi tric a' labhairt ri croitearan ann an Gàidhlig – ma thòisicheas iad fhèin a' labhairt ann an Gàidhlig an dèidh mo dhualchainnt eileanach aithneachadh.
- Glè mhath gabh beachd
- Bidh mi a' labhairt ri ar teachdaichean le Gàidhlig gach latha. Bidh mi a' còmhradh ri co-obraichean eile le Gàidhlig gach latha. Chaidh iarraidh cuideachadh le aon de na clasaichean Gàidhlig an seo ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Bidh mo cho-obraichean ag iarraidh orm Gàidhlig eadar-theangachadh gu cunbhalach (i.e. ainmean is seòlaidhean Gàidhlig no seantansan Gàidhlig).

TOROIDHEAN SUIRBHIDH GHÀIDHLIG LUCHD-OBACH 2018

Ann an 2018, chaidh suirbhidh a choileanadh le Coimiseanairean agus luchd-obrach a' Choimisein gus an tuigse agus an comas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn, a dhearbhadh.

A-mach às na daoine fa leth a fhuair cuireadh com-pàirteachadh san t-suirbhidh, fhreagair 62%.

Crofting Commission Gaelic Questionnaire

37

Responses

12:44


Average time to complete

Closed

Status


1. What is your age? (this info will help us plan for the future)

16-24	1
25-34	7
35-49	14
50-64	12
65-74	0
75+	0




2. Which of the following statements best describes your ability to understand Gaelic?

I do not yet understand an G...	10
I can understand simple greeti...	18
I can pick up the general mea...	4
I can understand most normal...	3
I can understand fluent Gaelic...	1
I can understand fluent Gaelic...	3




3. Which of the following statements best describes your ability to speak Gaelic?

●	I do not yet speak any Gaelic	13
●	I can exchange simple greetin...	16
●	I can take part in basic conver...	5
●	I can take part in daily conver...	0
●	I can comfortably take part in...	0
●	I can comfortably discuss subj...	3




4. Which of the following statements best describes your ability to read Gaelic?

●	I cannot yet read any Gaelic	12
●	I can understand a few words...	18
●	I can understand Gaelic childr...	0
●	I can understand Gaelic novels...	3
●	I can understand and read Ga...	1
●	I can understand Gaelic terms...	4




5. Do you use Gaelic at home?

●	Yes	5
●	No	32




6. Do you use Gaelic at home?

● Gaelic only	1
● English only	35
● Gaelic and English Equally	0
● Other	1




7. How frequently do you use Gaelic, including reading, writing and/or speaking it?

● A lot	3
● Fairly often	1
● Occasionally	7
● Rarely	10
● Not at all	16




8. Did you attend any of the following during your education? Please select all that apply.

● Sgoil-àraich	0
● English-language playgroup	12
● English-medium primary	22
● Gaelic-medium Education pri...	0
● Gaelic-medium Education sec...	1
● Collage/university course abo...	2
● Other	4
● Other	4




9. Do you use Gaelic at home?

● Yes	13
● No	24




10. In which of these ways if any, do you ever watch, read or listen in the Gaelic language nowadays? Please tick all that apply.

● Watching TV	17
● Listening to radio	9
● Using social media	6
● Watching DVDs	0
● Viewing the internet	2
● Reading novels	0
● Reading other materials	3



11. Are you learning Gaelic either informally at home or attending classes?

● Yes	3
● No	34



12. Have you ever attended Gaelic training which was paid for by the Commission?

● Yes	23
● No	14



13. Would you be interested in further training to develop your Gaelic skills?




14. Would you like to be able to practice speaking Gaelic more within the office?




15. Would you like fluent Gaelic speaking staff to initiate conversations with you in Gaelic?



16. How would you rate the importance of Gaelic to each of the following?



17. How would you rate the importance of Gaelic to each of the following?



18. Do you have any suggestions on how to further improve the use of Gaelic within the Crofting Commission?

35
Responses

Latest responses

"Not at the present time."

"Make it mandatory that everyone learns the basic greetings etc instead of as..."

"No"

Do you have any suggestions on how to further improve the use of Gaelic within the Crofting Commission?

The switchboard phone can be answered in Gaelic - whether or not the individual can continue in Gaelic or not.

Answering all calls with a Gaelic welcome.

I don't think there should be pressure on individuals to learn Gaelic or financial pressure put on the organisation to meet unrealistic requirements with regards to...

No. You can't force people to speak it if they don't want to.

Additional Training.

Employ native Gaelic speakers.

No, I think we do pretty well and the fact we have fluent Gaelic speakers within the CC and the wider building, means we can hear and practice language skills if we...

Training sessions for staff.

I think what has been provided so far with regards to Gaelic training has been excellent and I hope that we can continue to utilise the skills that have been learnt so far to consolidate this training else it will be forgotten.

more informal, fun uses and exchanges.

Ideally, I would want to see a greater number of fluent Gaelic speakers working for the Commission. Have we ever explored with BnG the possibility of...

People attending the Gaelic courses maybe each put a word on the notice board which every learner could practice.

Perhaps as part of individual's PLPs, the option for staff to further continue and build on Gaelic previously learned by undertaking further courses, whether that be a tutor visiting the Commission or an external course through say UHI? I feel if staff are keen to further develop their language skills, this will also aid the...

Would we want to start using it more with the telephone?

~ The Commission voicemail currently starts with 'Failte gu Comisean na Croiterachd' should it also end with Gaelic e.g. moran taing instead of the current thank you?

Perhaps a Gaelic course through the Skye college.

I don't have any suggestions, but believe that it should be properly considered with input from those who speak the language.

make it mandatory that everyone learns the basic greetings etc instead of asking people if they want to!